

N5

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Teisteanais
Nàiseanta
2023

Comharra

X832/75/01

Gàidhlig
Leughadh
Gàidhlig Reading

Nàiseanta 5

DIMÀIRT, 23 CÈITEAN

1:10 F – 2:50 F



* X 8 3 2 7 5 0 1 *

Lòn na bogsaichean seo agus leugh na tha sgriobhte gu h-iosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns an leabhran.

Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhrain seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Tha leabhran nam freagairtean eile airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas anns an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mur a dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.

SQA[®]



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 1 *

Tha an earrann seo mun turas ‘NY gu SY’ aig Niall Iain Dòmhnaillach.

Tha barrachd dhaoine air faighinn gu fànas agus gu mullach Everest na tha air iomradh ann am bàta thar a’ Chuain Shair. Ach, a dh’aindeoin cho doirbh ’s a tha e, chan eil sin air bacadh a chur air diofar dhaoine feuchainn agus tha an craoladair Gàidhlig, Niall Iain Dòmhnaillach air a bhith nam measg.

Beagan bhliadhnaichean air ais chuir e roimhe bàta beag iomradh eadar Steòrnabhagh agus Ullapul, astar anns a bheil mu chòigead mile. Fhuair Niall Iain brosnachadh bhon turas sin agus bha miann pearsanta aige dùblan eile a choileanadh. Chuir e amas ùr roimhe fhèin — bàta beag iomradh eadar New York anns na Stàitean Aonaichte agus Steòrnabhagh, turas mara anns a bheil 3400 mile. Bhiodh sin doirbh gu leòr do bhuidheann, ach nad aonar . . .

Cha do shoirbhich leis nuair a dh’fheuch e a’ chiad uair oir bha aige ri feitheamh ùine fhada airson ‘fosgladh’ san t-sìde a mhaireadh fada gu leòr airson an turais agus ghoirtich e e fhèin ann an tubaist air bòrd a’ bhàta. Bha e an dòchas gum biodh cùisean na bu shoirbheachaile nuair a dh’fheuchadh e a-rithist ann an 2018. Tha planadh ceart deatamach do chuideigin ag iomradh leotha fhèin gus am bi turas soirbheachail aca. Feumar rannsachadh a dhèanamh air uidheamachd agus aodach freagarrach. Feumar sùil mhionaideach a thoirt air mapaicheadan gus an eòlas-mara a leudachadh. Tha e cudromach gum bi co-dhiù còig no sia làithean aca airson faighinn a-mach gu muir gus nach stiùir an sruth am bàta air ais gu tìr. A bharrachd air sin feumar a bhith aig muir ro mheadhan an Ògmhios airson an oidhrip fhaighinn seachad ron Dàmhair gus na stoirmean a sheachnadh. An dèidh do Niall Iain dà sheachdain a chur seachad a’ feitheamh, rinn e fhèin agus an sgioba-taice aige co-dhùnad am bàta a ghluasad na b’ fhaide deas gu Norfolk, Virginia gus brath a ghabhail air aimsir a bha na b’ fhàbharaiche agus an staid-mara ceart gus slighe fhreagarrach fhaighinn. Ged a bha seo na sheòrsa de bhriseadh-dùil do Niall Iain, air sgàth ’s gun robh e cho deimhinne a thaobh fàgail bho New York (NY) agus an turas a dhèanamh gu Steòrnabhagh (SY), mu dheireadh bha e air a shlighe.

Tha iomadh faireachdainn aig daoine a tha an lùib dùblan den t-seòrsa seo. Le bhith seòladh air latha brèagha leis a’ ghaoth air a chùlaibh a’ dùnamh deagh adhartas tro na stuadhan gu bhith a’ sabaid an aghaidh muir garbh agus cunnartach. ’S e a tha math a’ dùsgadh an ath latha as aonais cron air a’ bhàta agus deiseil airson latha eile aig muir. Bha fios aig Niall Iain ge-tà gun robh e air deasachadh gu leòr a dhèanamh ro làimh, cha b’ ann direach a thaobh a bhith a’ faighinn stuthan ri chèile leithid am biadh agus na goireasan a dh’fheumadh e ach cuideachd an trèanadh a b’ fheudar dha a dhèanamh air a bhodhaig agus gu sònraichte inntinn ullachadh airson an uallaich a bhiodh air. Mus do dh’fhalbh e fhuair e comhairle bho ghrunn dhaoine a bha air dùblain fheuchainn anns an robh feum air tòrr oidhrip agus a thug ùine mhòr ri dhèanamh. B’ e an fheallsanachd aig an neach ainmeil baidhsagal, Marc Beaumont, gum feumar cumail a’ dol ge bith dè na duilgheadasan a bhios romhad.

Tha diofar adhbharan aig daoine gus rudeigin mar seo fheuchainn. Bha Niall Iain a’ togail airgead airson carthannas a bhios a’ cuideachadh dhaoine le tinneasan-inntinn agus aig an aon àm bha e a’ feuchainn ris an tuigse aig daoine mu thinneasan-inntinn àrdachadh.

Bheireadh ‘an turas’ mu thrì no ceithir mìosan gun bhiadh ùr agus dh’fheumadh e iomradh gun mhòran cadail airson co-dhiù dà uair dheug gach latha. A bharrachd air sin, dh’fheumadh e stri ri tuinn anns an robh còrr is ochdad troighean a dh’àirde aig amannan, sruth làidir a dh’fhaodadh a chur far a shlighe agus greisean de aimsir chiùin anns nach déanadh e mòran adhartais.

Gu mì-fhortanach, còrr ’s 500 mìle air an t-slighe, chaidh milleadh a dhèanamh air innealan-stiùridh a’ bhàta agus thaom uisge a-steach chun na h-ìre ’s gum b’ fheudar dha a dhol don bhàta-teasairginn aige. Gu fortanach bha bàta cargu faisg air làimh agus thug sin air ais a Chanada e. Bha an turas seachad agus bha e air am bàta aige fhèin a chall ach bha e beò. Agus ged nach do rinn e an gnothach, bha e air oidhrip a dhèanamh agus ’s dòcha gur e sin an rud as cudromaiche.



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 2 *

Ceistean

1. Dè nach eil mòran dhaoine air a dhèanamh, a rèir na h-earrainne?

1

2. Dè thug air Niall lain feuchainn ri iomradh leis fhèin à New York?

2

3. Carson, nad bheachdsa, a tha an sgrìobhadair a' crìochnachadh an dàrna paragraf le trì-phuing (. . .)?

1

4. Dè na duilgheadasan a bha aig Niall lain nuair a dh'fheuch e ri iomradh eadar New York agus Steòrnabhagh a' chiad turas?

2

[Tionndaidh an duilleag



5. Thoir gèarr-chunntas air a' phlanadh a dh'fheumas seòladair a dhèanamh aig
toiseach turas mar seo.

4

6. Carson a chaidh Niall Iain agus a sgioba gu Norfolk?

2

7. Dè na diofar fhaireachdainean a dh'fhaodadh a bhith aig neach sam bith air turas
den t-seòrsa seo?

3



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 4 *

8. Dè an seòrsa deasachaidh a b' fheudar do Niall lain a dhèanamh?

3

9. (a) Dè bha sònraichte mu na daoine ris an do bhruidhinn Niall lain ron turas?

2

(b) Dè a' phrìomh chomhairle a bha aig Marc Beaumont?

1

10. Ainnich dà bhuanachd a gheibheadh daoine eile bhon oidhirp aig Niall lain.

2

[Tionndaidh an duilleag



11. Dè na trioblaidean a dh'fhaodadh an t-sìde adhbhachadh do Niall lain?

3

12. Carson a b' fheudar do Niall lain am bàta aige fhàgail?

2

13. Mìnich dè cho soirbheachail 's a tha am paragraf mu dheireadh mar chìoch air an earrainn. Cleachd fianais bhon earrainn gus taic a thoirt dha do fhreagairt.

2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 7 *

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 8 *

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 9 *

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 8 3 2 7 5 0 1 1 0 *

duilleag 10

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO



duilleag 11

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO



duilleag 12